

# Litir do Luchd-ionnsachaidh

le Ruairidh MacIlleathain

## An Sealgair Mòr agus An Grioglachan

*A special programme, in the form of a “letter”, designed for Gaelic learners who already have some knowledge of the language. A short vocabulary and comments on points of grammar and figures of speech are included with the text. If you have comments, Ruairidh can be contacted at [rodny.maclea@bbc.co.uk](mailto:rodny.maclea@bbc.co.uk). This is Litir 967. Note that there is also a simplified version called An Litir Bheag which is likewise available on the BBC website. Litir Bheag 663 corresponds to Litir 967.*

A bheil sibh eòlach air na *reul-bhadan* ann an Gàidhlig? A bheil sibh a’ tuigsinn an fhacail ‘reul-bhad’ – *constellation* – buidheann de reultan no rionnagan. Tha mi airson ur brosnachadh gus eòlas fhaighinn air reul-bhad no dhà ann an Gàidhlig.

**Chithear** an Sealgair Mòr air feadh an t-saoghail. Tha an reul-bhad seo faisg air crios-madhan nan speuran agus, ann am mòran chultaran, tha e air fhaicinn mar shealgair. Ann am Beurla, ’s e *Orion* a chanar ris. Bha Orion na shealgair ann am faoinsgeulan na Grèige.

Tha dà rionnag gu math soilleir anns an t-Sealgair Mhòr. Tha an Spor Dearg no *Betelgeuse* ann an ‘gualainn’ an t-Sealgair. Tha e na fhamhair-rionnag dhearg agus chithear a dhath gu furasta tro phrosbaig. Chan eil e cho teth ris a’ ghrèin againne, ach tha e fada nas motha. Ann an ‘cas’ an t-Sealgair Mhòir, tha an Spor Liath no *Rigel*. Tha seo na fhamhair-rionnag liath. Tha mi a’ ciallachadh le sin ‘liath-ghorm’. ’S e an Spor Dearg **an ochdamh rionnag as soilleire** anns an iarmailt, agus ’s e an Spor Liath **an t-siathamh rionnag as soilleire** anns an iarmailt. Tha e cho cumhachdach ri seasgad mìle grian dhen t-seòrsa a th’ againne.

Ann am meadhan an t-Sealgair Mhòir, tha sreath de thrì rionnagan faisg air a chèile ris an canar ann am Beurla *Orion’s Belt*. Ann an Gàidhlig ’s e sin An Crios no Crios an t-Sealgair – an aon rud ris a’ Bheurla. Crochte fon Chrìos, tha sreath de thrì rionnagan beaga air a bheil *Orion’s Sword* ann am Beurla. Do na Gàidheil, ’s e sin A’ Bhiodag, *The Dirk*.

Cuideachd fon Chrìos, ri taobh na Bìodaig, tha neul-reultan no *nebula*. ’S e sin cruinneachadh de ghasaichean is duslach anns am bi rionnagan ùra air an dèanamh. Ann am Beurla, ’s e sin an *Horsehead Nebula* no *Orion Nebula*. Ach, ann an Gàidhlig, ’s e An Sporan a th’ againn air. A bheil sibh a’ faicinn mar a bha na seann Ghàidheil a’ samhlachadh an t-Sealgair air gaisgeach Gàidhealach le fèileadh-mòr air?

Taobh a-muigh an Spuir Dheirg, tha rionnagan anns an reul-bhad a th’ air am faicinn, ann an cuid de chultaran, mar bhall-airm – cuaille no rudeigin mar sin – air a thogail os cionn an t-Sealgair. Ach dhuinne, ’s e sin Am Breacan – pàirt dhen fhèileadh-mhòr aig an t-seann ghaisgeach Gàidhealach.

Nise, tha mi airson ur stiùireadh gu reul-bhad eile. Dhòmhsa, ’s e an reul-bhad as brèagha san iarmailt – An Grioglachan. Thoiribh sùil air Crios an t-Sealgair. Leanaibh loidhne a’ Chrìos suas gu deas agus cumaibh a dol. Ruigidh sibh rionnag mhòr ris an canar *Aldebaran*. Tha sin anns an reul-bhad ris an canar *Taurus* no An Tarbh. Cumaibh a dol anns an aon loidhne agus ruigidh sibh dlùth-bhuidheann de

rionnagan air a bheil *Pleiades* no An Grioglachan. Don t-sùil, tha seachd rionnagan rim faicinn còmhla agus uaireannan bidh daoine a' gabhail '*The Seven Sisters*' air an reul-bhad seo no, ann an Gàidhlig, Grioglachan nan Seachd Rionnag.

Mholainn dhuibh nach fhàg sibh aige sin e. Faigh prosbaig àbhaisteach agus thoiribh sùil air a' Ghrioglachan. Chì sibh na ficheadan de rionnagan ann. Tha reultairean ag innse dhuinn gu bheil mu cheithir cheud dhiubh ann uile-gu-lèir.

\* \* \* \* \*

**Faclan na Litreach:** reul-bhad: *constellation*; rionnag: *star*; gualainn: *shoulder*; liathghorm: *blue-white*; neul-reultan: *nebula*; Am Breacan: *The Plaid*; An Grioglachan: *Pleiades*.

**Abairtean na Litreach:** Tha mi airson ur brosnachadh gus eòlas fhaighinn air reul-bhad no dhà: *I want to encourage you to become familiar with a constellation or two*; faisg air crios-meadhan nan speuran: *close to the celestial equator*; bha Orion na shealgair ann am faoinsgeulan na Grèige: *Orion was a hunter in the Greek legends*; tha e na fhamhair-rionnag dhearg: *it is a red giant*; chithear a dhath gu furasta tro phrosbaig: *its colour can easily be seen through binoculars*; cho teth ris a' ghrèin againne: *as hot as our sun*; crochte fon Chrìos, tha sreath de thrì rionnagan beaga: *hung below the belt, there is a series of three small stars*; mar a bha na seann Ghàidheil a' samhachadh an t-Sealgair air gaisgeach Gàidhealach le fèileadh-mòr air: *how the old Gaels were likening Orion to a Highland hero wearing the fèileadh-mòr (belted plaid)*; mar bhall-airm – cuaille no rudeigin mar sin – air a thogail os cionn an t-Sealgair: *like a weapon – a club or something like that – raised above Orion*; tha mi airson ur stiùireadh gu reul-bhad eile: *I want to direct you to another constellation*; suas gu deas agus cumaibh a dol: *up to the right (south) and keep going*; dlùth-bhuidheann de rionnagan: *a dense group of stars*; don t-sùil, tha seachd rionnagan rim faicinn còmhla: *to the eye, there are seven stars to be seen together*; tha reultairean ag innse dhuinn gu bheil mu cheithir cheud dhiubh ann uile-gu-lèir: *astronomers tell us there are about four hundred of them altogether*.

**Puing-chànain na Litreach:** 'S e an Spor Dearg **an ochdamh rionnag as soilleire** anns an iarmailt, agus 's e an Spor Liath **an t-siathamh rionnag as soilleire** anns an iarmailt: *Betelgeuse is the eight brightest star in the heavens, and Rigel is the sixth brightest star in the heavens. Because rionnag is a feminine noun, the ordinal adjective traditionally behaves in a way that a feminine noun would in terms of its article. As a feminine noun in the nominative case, which starts with a vowel, has the article 'an' (eg an ùpraid), we have an ochdamh. However a feminine noun which starts with an 's' would carry the article 'an t-' (eg an t-seirbheis), thus we have an t-siathamh. For a corresponding masculine noun it would be as follows: an t-ochdamh fear; an siathamh fear.*

**Gnàthas-cainnt na Litreach:** Chithear an Sealgair Mòr air feadh an t-saoghail: *Orion can be seen throughout the world.*

*Tha "Litir do Luchd-ionnsachaidh" air a maoineachadh le MG ALBA*